

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Ògmhios 2018 / June 2018

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Adhbhar misneachd!

Chan eil dad cho furasta ri càineadh agus nach tàmailteach mar a chluinnear Gàidheil cho tric a' dèanamh sin air buidhnean Gàidhlig le aithrisean dubhach air mar a tha an cànan a' crìonadh. Chan eil teagamh nach eil Gàidhlig lag ach b' fheàrr gu mòr gun cluinnte molaidhean airson leasachadh seach fàidheadaireachd bàis!

Bha dùil agamsa a bhith air ceithir Mòdan Ionadail a fhrithealadh mun àm seo am-bliadhna eadar Mòd an Òbain, Mòd Leòdhais, Inbhir Nis, agus Ìle, ach gu mì-fhortanach dh'fhàg bàs deagh charaid mi aig tiodhlacadh seach a bhith a' siubhal gu ruige Ìle. Ach, ged nach d' fhuair mi ann cha b' e annas cluinntinn gun robh deagh chruinneachadh ann an Ìle mar is àbhaist, agus bhithinn an dòchas gum faicear a-rithist cuid de thoradh obair brosnachaidh a' Mhòid Ionadail sin aig Mòd Nàiseanta Rìoghail Dhùn Omhain am-bliadhna.

Gun teagamh sam bith tha dùil agam gum bi co-dhiù cuid de na chunnaic is na chuala mi aig na trì Mòdan eile sin an làthair aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail cuideachd, oir bha farpaisich air leth tàlantach anns gach àite. Tha còrr air deich bliadhna fichead bho thòisich mise air britheamhachd aig Mòdan ('s dòcha gum bheil an t-àm agam sgar!) agus bha mi ag ràdh ann an Steòrnabhagh am-bliadhna nach robh mi riamh air a bhith an lùib farpais chloinne anns an robh faisg air deich neach fichead agus far nach tug mi comharra na b' ìsle na naochad! Cha b' è air chor sam bith tuaineal coibhneis a bh' air bualadh orm, 's e bha seo ach clann òg a bh' air an deisealachadh gu ìre ealantais agus fileantachd shònraichte agus a choisinn leithid de mheasadh. Ged nach robh iomlanachd na chuala mi aig na Mòdan eile aig an aon ìre, a dh'aindeoin sin bha deagh Gàidhlig ri chluinntinn, agus dearbhadh air deagh dheasachadh eadar dachaigh, sgoil, agus càirdean.

Dearbhadh às ùr cuideachd air mar a tha deasachadh airson nam Mòdan a' brosnachadh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan feadh Alba, agus obair a' Chomuinn Ghàidhealaich a' cur ri coileanadh amasan Phlana Nàiseanta Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba. Mòran taing a-rithist dha na h-uile a tha a' dèanamh uimhir gu saor- thoileach gus na Mòdan Ionadail uile, agus am Mòd Nàiseanta Rìoghail, a libhrigeadh.

Ailean Caimbeul

Ceann-suidhe - An Comunn Gàidhealach

A Message from the President

Encouragement!

Criticism is an easy luxury and it is disappointing to often hear Gaels disparage Gaelic organisations with gloomy predictions about the demise of the language. Gaelic is undoubtedly in a weak state and, while challenging, ideas and proposals for its revival are much more welcome!

By the time of writing this I was scheduled to have already attended four Provincial Mods this year including Oban Mod, the Lewis Mod, Inverness Mod, and Islay, but sadly the death of a close friend meant I was attending his funeral instead of travelling to Bowmore. Although I didn't manage to Islay I was not surprised to hear that everyone involved enjoyed the customary stimulating gathering, and I would hope that we will again see evidence of the motivational impact of the Islay Mod at this year's Royal National Mod in Dunoon.

Unquestionably I also expect that at least some of the exceptionally talented competitors I saw and heard at each of these other three Mods will also be competing at the Royal National Mod, because they earned such distinction. It is now well over thirty years since I first adjudicated at a Mod (maybe time I retired from it!) and I was commenting in Stornoway that I had never before experienced a children's competition of near thirty competitors where the lowest mark was ninety! This was not a case of me being overcome by particular benevolence, these were instead young children who were tutored to exceptional levels of fluency and presentation and who earned such adjudications. Although the overall level of performance which I heard at the other Mods were not at the same standard there was still a high quality of Gaelic, and evidence of good preparatory work at home, school, and with relatives.

New evidence also of how preparation for participation in Mods is encouraging learning and use of Gaelic in communities across Scotland, and how An Comunn Gaidhealach's activity is contributing to the realisation of the aspirations of the Scottish Government's National Gaelic Language Plan. Thanks again to all those volunteers who give so much time and effort to deliver all those Provincial Mods, and the Royal National Mod.

Allan Campbell

President - An Comunn Gaidhealach



An Comunn Gàidhealach



Ceann-latha / Entry Deadline
Dihaoine 13 Iuchar 2018

Piosan fèin-thaghte air-loidhne:
Dihaoine 13 Iuchar 2018

Online Entries:
Friday 13 July 2018

Own Choice Submissions:
Friday 13 July 2018

[Bruthaibh an seo / Enter Here](#)



Ceann-latha iarrtasan a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail air a leudachadh

Tha an ùine a' ruith a-mach airson tagraidhean a chlàradh airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail a thèid a chumail ann an Dùn Omhain am bliadhna ach bu mhath leis a' Chomunn Ghàidhealach innse do dh' fharpaisich gu bheilear a' sìneadh ceann là nan tagraidhean air adhart chun an **13mh Iuchar**. Tha sin a' ciallachadh gu bheil 11 làithean a bharrachd aig farpaisich a tha airson pàirt a ghabhail ann am Mòd na bliadhna-sa cur a-steach.

Thuir Alison Bruce, Oifigear a' Mhòid, "Le soirbheachas siostam tagraidhean air loidhne a-niste a' dèanamh obair-rianachd nan tagraidhean rud beag nas fhasa dhuinn, tha sinn airson ùine a bharrachd a thoirt do dh' fharpaisich le bhith a' sìneadh a-mach ceann là nan tagraidhean rud beag nas fhaide am bliadhna. Tha sin a' ciallachadh cuideachd gu bheil ceann là nam farpaisean air fad a-niste air an aon là. Tha sinn mothachail gu bheil uallach air clann is pàrantan le sgoiltean a' dùnadh an t-seachdain sa 's gum biodh e caran teann do chuid de dhaoine an cuid tagraidhean a chur a-steach ron cheann là a bh' againn. Mar sin, tha aig farpaisich chun **13mh Iuchar** a-niste gus clàradh airson a' Mhòid Nàiseanta."

Chuir Neach-gairm na Comataidh Ionadail, Dick Walsh fàilte air prìomh fhèis chultarail na Gàidhealtachd a' tilleadh gu Dùn Omhain a tha an-còmhnaidh na dheagh àite tarraingeach do luchd-frithealaidh is luchd-èisteachd a' Mhòid. "Tha obair ullachaidh Mòd Nàiseanta 2018 a' sìor thighinn air adhart. Tha a' Chomataidh Ionadail agus Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid toilichte dha rìribh taic a chur ris an tachartas am bliadhna-sa agus tha sinn a' coimhead air adhart gus fàilte a chur air farpaisich, luchd-amharc agus a h-uile duine a bhios an làthair aig na co-fharpaisean agus na tachartasan. Tha a' Chomhairle air a bhith taiceil dhan Mhòd anns a h-uile roinn de sheirbheis thairis air na bliadhnachan agus tha an taic sin leantainneach. Gu dearbh, tha sinn a' dèanamh fiughair prìomh fhèis na Gàidhlig ga cumail ann an Dùn Omhain san Dàmhair."

Thèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann an Dùn Omhain 12-20 Dàmhair 2018. Ma tha feum air tuilleadh fiosrachaidh a thaobh Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, feuch gun tadhal sibh air www.ancomunn.co.uk no www.moddhunomhain.com.

Royal National Mòd's entry closing date extended

Time is running out for competitors to register their entries for Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018, to be held in Dunoon this year. However, An Comunn Gàidhealach have announced that the entry deadline will now be extended to the **13th July**, meaning that competitors wishing to compete at this year's Mòd now have an extra 11 days to register their entries.

Alison Bruce, Mòd Officer, said, "With the success of the online entry system making our administration of the entries slightly easier, we want to give competitors an extra amount of time to get their entries in. This means also that all the competitions, including Piping and instrumentals are now all due on the same date. We are aware that this is a busy time for folk with schools closing for the summer break which makes it difficult for some to meet the previous deadline, but competitors now have an extended period, until the **13th July** to enter."

The return of Gaeldom's premier cultural festival to Dunoon, always a popular location with Mòd participants, was welcomed by Convener of the Local Organising Committee, Dick Walsh. "Preparations for Mòd 2018 in Dunoon are well underway. The Local Organising Committee and Argyll & Bute Council are delighted to support the organisation of the event again and we're looking forward to welcoming competitors and spectators and everyone who attends the competitions and events. The Local Authority has been, and continues to be, very supportive of the Mòd in every aspect of its operations. Indeed, we are excited about Dunoon hosting Gaelic's principal festival in October."

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail will be held in Dunoon between 12-20 October 2018. For any further information regarding Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, please visit www.ancomunn.co.uk or www.moddhunomhain.com





Ceann latha ùr | Extended deadline
13 Iuchar | 13 July 2018



enter.ancomunn.co.uk



www.enter.ancomunn.co.uk

AM MÒD NÀISEANTA
RÌOGHAIL
THE ROYAL NATIONAL MÒD



SUPPORTED BY
year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018

12-20 DÀMHAIR
DÙN OMHAIN



Dreach Prògram Mòd 2018 a-nis air-loidhne

Tha dreach prògram airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ri fhaighinn air an làrach-lìn againn.

Cuimhnichibh gur e dreach a th' ann agus dh' fhaodadh gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh air fhathast.

Nuair a gheibh sinn na iarratasan gu lèir airson farpaisean Mòd na bliadhna seo, bidh e comasach dhuinn tallaichean a chur air dòigh agus uairean nam farpaisean. Bheir an dreach beachd cuin agus càite a bhios na farpaisean a' gabhail àite, mar sin 's urrainnear siubhail a chur air dòigh agus mar sin air adhart.

Bruthaibh air a' cheangal gu h-ìosal airson an dreach seo:
[Dreach Prògram Mòd 2018](#)

Mod 2018 Draft Programme Now Online

A draft programme for this year's Royal National Mod competitions is now available online.

Please note that this timetable is issued for guidance only. Timings and venues may change as arrangements are finalised.

Once all entries have been received and processed we will be able to allocate venues and timings. The draft programme gives an idea of what competitions will be on when and where so that competitors can make travel arrangements and so on.

Please click on the following link to view the draft programme.
[Mòd 2018 Draft Programme](#)

Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates

Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020

Peairt - 8 -16 Dàmhair 2021

Pàislig - 14-22 Dàmhair 2022

Cumaibh sùil air làrach-lìn a' Chomuinn agus na meadhanan sòisealta againn!

Keep an eye on our website and social media pages for regular updates!



www.ancomunn.co.uk



Royal National Mòd



royalnationalmod



@NationalMod



nationalmod



Air-loidhne a-mhàin a-nis:

Entry now available via online system only:

Dihaoine 13 Iuchar 2018

Friday 13 July 2018

Pìosan fèin-thaghte air-loidhne:
Dihaoine 13 Iuchar 2018

Online Own Choice Submissions:
Friday 13 July 2018

Farpaisean Ionnsramaid Mòd 2018

Mod 2018 Instrumental Competitions

Ceann-latha:
13 Iuchar 2018

Entry deadline:
13 July 2018

Airson tuilleadh fiosrachadh air na farpaisean seo tadhlaibh [an seo](#)

Details about the competitions themselves can be found by downloading the [syllabus](#)

www.ancomunn.co.uk

www.ancomunn.co.uk

Farpaisean Pìobaireachd Mòd 2018

Mod 2018 Piping Competitions

Ceann-latha:
13 Iuchar 2018

Entry deadline:
13 July 2018

Thèid farpaisean pìobaireachd a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail a chumail air **Disathairne 13 Dàmhair 2018**.

The Royal National Mòd piping competitions will take place on **Saturday 13th October 2018**.

Feumar cuir a-steach airson na farpaisean pìobaireachd (òigridh agus inbhich) ro **Dihaoine 13 Iuchar 2018**

Both senior and junior entries for any piping competitions must be submitted by **Friday 13th July 2018**

Faodar foirm a chur thugainn [sa' phost](#) no faodar cuir a-steach airson na farpaisean [air-loidhne](#):

You can download an entry form from our website [here](#) or you can enter via our [online system](#).

Airson tuilleadh fiosrachadh air na farpaisean seo tadhlaibh [an seo](#)

Details about the competitions themselves can be found by downloading the [syllabus](#).

www.ancomunn.co.uk

www.ancomunn.co.uk

Dèanaibh cinnteach gun leugh sibh Riaghailtean a' Mhòid mus cuir sibh iarrtas a-steach.

Please make sure that you read The Rules of The Royal National Mod before entering.



Duaisean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

Feumaidh duaisean a bhith air an tilleadh ro 31 Iuchar

Mur a bheil sibh air bh' ur h-ainmeanan a chur air na duaisean a bhuannaich sibh an-uiridh, bu chòir dhuibh seo a chur air dòigh anns na mìosan a tha romhainn.

Cosgaidh seo £12.50 airson gach duais aig an Trophy Centre, Inbhir Nis. Nuair a bhios na duaisean deiseil leis na h-ainmeanan orra, bheir luchd-obrach an Trophy Centre na duaisean a-null gu oifis a' Chomuinn Ghàidhealach an Inbhir Nis—abair seirbhis!

Chìthear gu h-ìosal gu bheil an Trophy Centre a' tabhachd £10 fo prìs tiodhlacan sa' bhùth aca ma chosgas sibh £30. Ma tha sibh airson bruidhinn riutha a thaobh na duaisean agaibh, cuiribh fios thuca:

01463 238 495

www.invertrophy.com

Royal National Mod Trophies

All trophies must be returned by 31st July

If you have not yet had your trophies engraved you should look at getting this done over the next few months.

Engraving will cost £12.50 at the Inverness Trophy Centre. Once engraving has been completed, the wonderful staff at The Trophy Centre will arrange for the trophies to be returned to the An Comunn Gàidhealach office in Inverness.

You will also see here a voucher which the Trophy Centre are currently offering. This voucher provides a £10 discount on jewellery and gifts if you spend £30 or more. If you wish to speak to them regarding the engraving of your trophies, give them a call on the number below and they will be more than happy to help:

01463 238 495

www.invertrophy.com

31 Church Street Inverness



£10
Gift Voucher



Receive A £10 Discount on a £30 spend



Ceann-latha airson
duaisean a thilleadh
Trophy Return Deadline

31/07/2018



C N O

COMATAIDH NA H-ÒIGRIDH



SHANNON NICILLEATHAIN

'S ann à Tobar Mhoire ann am Muile a tha mi. Tha mi 20 bliadhna a dh'aois agus tha mi dìreach air ceum a chrìochnachadh ann an Gàidhlig agus na Meadhanan aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha mi an dùil An Cùrsa T.bh a dhèanamh an dèidh an t-samhraidh. Tha an t-uabhas ùidh agam ann a bhith a' cruthachadh fhilmichean agus cuideachd ann an seinn agus ceòl. Tha mi air a bhith a' gabhail pàirt anns a' Mhòd on a bha mi 5 bliadhna a dh'aois.



KATIE NICAONGHAIS

Is mise Katie agus tha mi a' fuireach ann an Glaschu an-dràsta a' dèanamh ceum ann an Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu. Tha mi air a' chiad bhliadhna aig an oilthigh a chrìochnachadh a-nis agus tha ùidh mhòr agam ann an cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Nuair nach eil mi aig an oilthigh, tha mi aig an taigh ann an Leòdhas. Am bliadhna, fhuair mi an cothrom a bhith ag obair aig Aonad nam Meadhannan aig Comhairle nan Eilean Siar. Is caomh leam a bhith a' leughadh agus a' cluich an fhìdeall.

Cuideachd, bidh mi a' toirt taic le prògram Rapal air BBC RnG agus tha mi na mo bhall air Bòrd Stiùirdh Comunn na Gàidhlig.



PADRUIG MOIREASDAN

Nuair nach eil mi anns an oilthigh ann an Dùn Èideann, tha mi trang a' cluich ann an dà chòmhlán ciùil, ann an Uibhist, ag obair na cruicheadh, agus a' cuideachadh le tachartasan a thaobh na Gàidhlig ann an Uibhist.

Tha ùidh mhòr agam ann a bhith a' putadh cultar na Gàidhlig air adhart, agus leis a sin tha mi air oidhche mìosail a thòiseachadh ann an Dùn Èideann gus cànan agus ceòl nan Gàidheal a bhrosnachadh.

Nam fear ciùil, tha mi cuideachd trang a' sgrìobhadh ceòl ùr a bharrachd air a bhith a' cuideachadh gus an t-seann stoidhle a chumail a dol tro mheadhanan a leithid Buidhean Bogsa agus Fìdheall Uibhist agus Bheinn na Faoghla. Fuair mi urram Tosgaire Òg na Bliadhna 2017 aig na Duaisean Gàidhlig.



CNO

COMATAIDH NA H-ÒIGRIDH



SHANNON MACLEAN

Hello, I'm Shannon and I'm from Tobermory in Mull. I am 20 years old and have recently graduated from Sabhal Mòr Ostaig with a degree in Gaelic and Media and hope to commence the TV Course after the summer.

I am passionate about creating films, singing and music and have been taking part in the Mòd since I was 5 years old.

SUPPORTED BY
year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018



KATIE MACINNES

My name is Katie and I am currently living in Glasgow and have just finished the first year of my Gaelic degree course at Glasgow University. Promoting Gaelic language and culture is something that I feel very passionate about.

When I am not at university, I am at home in Lewis and am currently doing a summer placement at Comhairle nan Eilean Siar's Multimedia Unit. In my spare time, I enjoy reading and playing the fiddle.

I also help present BBC Radio nan Gàidheal's Rapal programme and am a member of the Board of Comunn na Gàidhlig.

SUPPORTED BY
year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018

PADRUIG MORRISON

When I am not at university in Edinburgh, I am busy playing in 2 bands, working on the croft in Uist and helping with Gaelic events in Uist. My passion lies in showcasing Gaelic culture and I have established a monthly evening in Edinburgh to encourage Gaelic language and music.

As a musician, I am busy writing new music as well as helping to keep the old styles alive through initiatives such as the Uist and Benbecula Accordion and Fiddle Club.

I was awarded the Young Gaelic Ambassador of the Year award at the Gaelic Awards in 2017.

SUPPORTED BY
year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018



FARPAISEAN LITREACHAS NA H-ÒIGRIDH

Nach cuir sibh a-steach airson aon de na farpaisean a leanas airson cothrom duais a bhuanachadh dhuibh fhèin agus dhan Sgoil agaibh!

Sgrìobh sgeulachd goirid, pìos bàrdachd no cunntas-naidheachd ann an Gàidhlig

Deasaich taobh-duilleag ealain le faclan Gàidhlig

Deasaich prògram rèidio no film goirid ann an Gàidhlig

Tuilleadh: alison@ancomunn.co.uk



JUNIOR LITERATURE COMPETITIONS

Why not enter the competitions below for the opportunity to win prizes for yourself and your school!

Write a short story, poem or newspaper article in Gaelic

Design a poster with Gaelic words

Prepare a radio programme or short film in Gaelic

More info: alison@ancomunn.co.uk



Aon, dhà, sgrìobh!

Tha tòrr chothroman againn dha Gàidheil òga, cruthachail aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail. Nach cuir sibh sgeulachd, pìos bàrdachd, cunntas-naidheachd no postair a tha sibh air a dhèanamh a-steach airson cothrom duais a bhuanachadh

Tha farpais prògram rèidio agus film goirid againn cuideachd-deagh chothrom dha òigridh a tha airson a bhith ag obair anns na meadhanan Gàidhlig.



★ CUIMHNICHIBH ★

Faodaidh sibh rudeigin a tha sibh air a dhèanamh sa chlas no aig buidhean as dèidh na sgoile a chur a-steach.

Aon, dhà, sgrìobh!


We have lots of opportunities for creative young Gaelic speakers and learners at The Royal National Mòd. Why not enter a story, piece of poetry or newspaper article that you have written or a poster that you have made for a chance to win some fantastic prizes

We also have a radio competition and a short film competition- a great opportunity for budding Gaelic media stars to have their work seen by industry professionals.



★ REMEMBER ★

You can enter something that you have already written or prepared at school/after school club.



FARPAISEAN LITREACHAS

Rosg neo-fhicsean

Sgeulachd Ghoirid

Bàrdachd

Dealbh-chluich ùr

Òran Ùr

Artaigil

Airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh fios gu
Alison Bruce aig alison@ancomunn.co.uk.

www.ancomunn.co.uk



Bheil ùidh agad ann an Dannsa Gàidhealach? Nach cuir sibh a-steach airson aon de na farpaisean againn? Gheibh sibh barrachd fiosrachadh gu h-ìosal.

Interested in entering one of our Highland Dancing competitions or know any dancers who may be? Please see the form below for further information.

Royal National Mod Highland Dancing Festival

Dunoon Grammar School

61 Ardenslate Rd, Kirn, Dunoon PA23 8LU

Thursday 18th October, 2018

A : 16 Pas de Basques
B : P de B and High Cuts
C : Highland Fling
D : Sword Dance

E : Seann Truibhas
F : Hullachan (Half Tulloch)
G : Trophy Highland Fling

H : Flora McDonald
I : Scottish Lilt
J : Barrack's Johnny
K : Sailors' Hornpipe

SECTION ORDER OF EVENTS STARTING TIME : 10.00 AM

Primary	A B C D	4yrs, 5yrs, 6yrs
Beginner	C D E F G H I	(8yrs and under (9yrs & under 11yrs
Novice	C D E F G H I	(11yrs & under 13yrs (13yrs & under 16yrs

SECTION ORDER OF EVENTS STARTING TIME : 1.30 PM

Intermediate	C D E F J H I K	9yrs & under 10 yrs & under 12yrs 12 yrs & under 14 yrs 14 yrs & under 17yrs
Premier	C D E F J H I K	Under 10 years 10 yrs, 11 yrs, 12 yrs, 13 yrs, 14 yrs, 15 yrs, 16 years and over

All competitors must be registered with the SOBHD and all registration cards shown.

Organisers reserve the right to alter age groups according to entry.

Annual trophies awarded in each age group over all dances, except Primary section.

Entry Fees Primary: £7.20, Beginner/Novice: £12.60, Int/Prem: £14.40 Payable to AADF

Closing Date 9th October 2018

Entries to Entries – Donna Mitchelson, 1 Adderley Terrace, Monifieth DD5 4DQ Tel. 01382 532385

ENTRIES MAY BE MADE ON-LINE AT WWW.TOEANDHEEL.COM

Note: Entry records will be electronically stored for one year from the date of the contest from which time they will be removed.

Name	Age	Reg No.
Address	Telephone No.	
Section	Dances	
School of Dancing	Money Enclosed £ Payable AADF	

MOD



Bithibh mothachail gu bheil sinn air atharrachaidhean a dhèanamh air na farpaisean a leanas airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018.

Please be aware of amendments to the following competitions for this year's Royal National Mod.

C53 – Literary ages 9-10 Open - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

C53A – Literary ages 11-12 Open - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

C153 – Literary ages 16-18 Open – Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

Farpais C01 - Radio programme – **Open** – Prepare a radio programme not exceeding 10 minutes duration on the topic of **“Bliadhna na h-Òigridh”**. Entries can be submitted via **soundfile or cd**. If you are interested in a career in radio, this could be the perfect opportunity to gain some experience and get some feedback.

Farpais C02 – Short Film / Vlog – Open – Prepare a short film / vlog not exceeding 10 minutes duration on the topic of **“Bliadhna na h-Òigridh”**. Entries can be submitted via **youtube link or dvd**. If you are looking to get involved in Gaelic media, why not share some of your creative ideas by entering this competition.

C180 (U19) - Sing waulking songs of your own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an ‘òran basaidh’, within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

A278 - Sing waulking songs of own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an ‘òran basaidh’, within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

Open (Fluent & Learners)

For Mòd 2018, the themes for both A204 & A205 will be “Bàrdachd a’ Chiad Cogaidh (Poetry of the First World War).

A204

Reading Poetry

Reading of a poem based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

A205

Reading Prose

Reading of a passage of prose based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

The aggregate winner of the above competitions will be awarded the Glasgow Skye Association Gold Medal and is only eligible to win this once.

The Cardonald Highlanders Cup will be awarded to the most promising learner.

Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Atharrachaidhean | Amendments

Chìthear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A305 Gheibhinn Cadal Math

Alto – Bar 17 – iomadh should be aomadh

Sop 1 bar 42, Sop2 bar 43, Alto bar 44 – earras maoin should be earras 's maoin

Bar 12 - Alto line 2nd beat should be a single 'G' as it is in bar 36.

A306 – Siud mar chaidh an càl a' dholaidh

Bar 16 & 32 – delete final soprano notes in these bars

Bar 18 – tenors to sing same rhythm as ladies

Bar 53 – Alto line to be sung the same as bar 49

Bar 55 – Alto 'bhata' to be sung as two crotchets

A308 -A chaile dhubh a' sgulair

The word 'Sgùlair' should actually be written as 'Sgulair' but it shouldn't affect the musical rhythm of the word.

C51A - Cumha nan lasgairean

Verse 4 should be sung as: Mo thriùir bhràithrean **taobh ri taobh riuth'**

'S fear an taighe, 's e bu daoire



For any further information on the above changes, please contact the

Music Committee Administrator:

mairi@ancomunn.co.uk



Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018



Tha a chuid as motha de na Mòdan Ionadail air gabhail àite a-nis. Tha sinn an dòchas gun deach gu math dhuibh agus gun robh Mòd shoirbheachail agaibh uile.

Meal an naidheachd air a h-uile duine a ghabh pàirt am bliadhna agus tha sinn an dòchas gum faic sinn sibh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail an Dùn Omhain, san Dàmhair.

Taing mhòr dha na Comataidhean, na sgoiltean, pàrantan, luchd-taic agus a h-uile duine a tha a' cuideachadh gu saor thoileach airson na Mòdan Ionadail a chur air dòigh.

Chì sibh cinn-latha na Mòdan Ionadail a tha fhathast ri gabhail àite gu h-ìosal.

Anns na duilleagan a leanas, chìthear beagan fiosrachadh agus dealbhan bho feadhainn de na Mòdan Ionadail a tha air gabhail àite gu seo. Taing mhòr dhuibh uile airson na naidheachdan seo a chur thugainn. Tha e math cluinntinn dè mar a chaidh dha na Mòdan Ionadail gach bliadhna.

Ma tha am Mòd Ionadail agaibh airson pìos a chur thugainn, cuiribh fios gu marina@ancomunn.co.uk agus cuiridh sinn dhan ath iris e.

The majority of this year's Provincial Mods have now taken place. We hope you all had a successful Mod.

Congratulations to all those who took part in competitions this year and we hope to see you all at this year's Royal National Mod in Dunoon in October.

Many thanks to all the Committees, schools, parents, helpers and all those who gave their time voluntarily to help run each of the Provincial Mods.

You can view the remaining 2018 Provincial Mod dates below.

In the following pages, you will see some news from some of the Provincial Mods which have already taken place, with some photographs. Thank you to all those who contributed a report. It's great to hear how the Provincial Mods are getting on each year.

If you would like to share an account of how your Mod went this year, please email any information to marina@ancomunn.co.uk and we will include it in the next issue of our newsletter.

Mòd Ionadach na Dreòlluinn

7 agus an 8 den t-Sultain 2018

enquiries@mullmod.org.uk

Mull Provincial Mod

7 and 8 of September 2018

enquiries@mullmod.org.uk

Mòd Ionadail Bharraigh

22mh den t-Sultain 2018

modbharraigh@aol.com

Barra Provincial Mod

22nd of September 2018

modbharraigh@aol.com



Mòd Ionadail an Eilein Sgitheanaich 2018

Bha Mòd soirbheachail againn am bliadhna a-rithist. B'ann san sgoil ùr, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh a chaidh am Mòd a chumail air Diciadain (30/05), Dihaoine (01/06) agus Disathuirne (02/06) – a' phìobaireachd Diciadain, farpaisean na cloinne Dihaoine agus madainn Disathuirne agus Diardaoin (31/05) farpaisean cuir a-mach na loidhne agus leughadh às a' Bhìoball ann an Eaglais na h-Alba an Cille Mhoire. Bha inbhich a' farpais air an Disathuirne cuideachd.

Bha na h-uimhir chloinne a' farpais agus bha e math gu robh barrachd chlann às an Àrd-sgoil comhla rinn am-bliadhna.

Am bliadhna bha farpaisean Dannsa Gàidhealach againn, air feasgar Disathuirne, airson a' chiad uair ann an iomadach bliadhna.

Bu toil leinn taing a thoirt do'n sgoil airson am Mòd a chur air aghaidh san sgoil bhrèagha ùr aca, àite air leth math airson Mòd!

Skye Provincial Mod 2018

We had another successful Provincial Mod in Skye again this year. Competitions took part in the new Gaelic School. Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh on Wednesday (30/05), Friday (01/06) and Saturday (02/06) - with piping competitions taking place on the Wednesday, children's competitions on Friday and also on Saturday morning. Presenting and Bible Reading competitions took place on Thursday (31/05) in the Kilmuir Church of Scotland. Adult competitions took place on the Saturday.

Junior competition entries were high and we were delighted to have more children from the High School taking part this year.

We were pleased to have Highland Dancing competitions on the Saturday afternoon, for the first time in many years.

We would like to give special thanks to Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh for allowing us to stage the Mod in their beautiful new school—a fantastic Mod venue!



Mòd Sgìre an Òbain 2018

Abair gun robh sìde mhath ann an Earra-Ghàidheal air Dihaoine 1mh agus Disathairne 2mh den Ògmhios le clann is inbhich a' tighinn às gach àite airson Mòd Sgìre an Òbain 2018.

Bha an àireamh gu math nas àirde am bliadhna ann am farpaisean na cloinne le farpaisean a' gabhail aite anns a h-uile oiseann de Tallaichean a' Chorrain, Talla na Cathair Eaglais, Talla na Scouts agus Taigh-òsta a' Ghreat Western. Leis cho trang 's a bha an latha agus cho math 's a bha an t-side, chaidh farpais còmhraidh a chumail a-muigh ann am fasgadh rothairean, ri taobh Tallaichean a' Chorrain! Bha a' chlànn ann an deagh shunnd is iad a' dol eadar na farpaisean agus bha iad air siubhal bho àiteachan mar Dùn Omhainn, Tobar Mhoire, An t-Sàilean, Loch Abar, An Apainn agus an t-Òban fhèin. Chuir sinn fàilte airson a' chiad turas air clann bhon Ionad Gàidhlig ùr ann am Bun-sgoil Bhun Easain agus air clann a tha a' frithealadh Fèis an Tairbeirt ann am meadhan Earra-Ghàidheal.

Air an Disathairne, bha an àireamh de dh'inbhich anns na farpaisean rud beag nas lugha, ach 's e latha gu math trang a bh' ann. Seo a' chiad turas a chaidh am Mòd Ionadail a chumail anns an àrd-sgoil ùr anns an Òban agus fhuair na bha an làthair an cothrom an togalach agus na goireasan fhaicinn airson a' chiad turas. Feumar a radh gur e fìor dheagh làrach a th'anns an sgoil ùr airson Mòd! Mar a bhiodh dùil anns an Òban, chaidh a t-uabhas obair ullachaidh a dhèanamh leis a' chomataidh deasachaidh anns na làithean, seachdainean is mìosan ro laimh. Bu thoigh leotha meal-a-naidheachd a chuir air a h-uile duine a ghabh pàirt anns na farpaisean is a chaidh dhachaigh le duaisean. Taing mhòr cuideachd do na brìtheamhan, cathraichean, stiùbhardan, agus an luchd-obrach aig gach làrach far an robh na farpaisean a' gabhail àite.

Tha an obair ullachaidh air tòiseachadh a-cheana airson an ath-bhliadhna agus tha an comataidh a' dèanamh fiughair ri ar faicinn air ais air Dihaoine 31mh agus Disathairne 1mh den Ògmhios airson Mòd Sgìre an Òbain 2019!

Tha an dealbh a' sealltainn na còmhlain "Na Smeòraich" agus "Ceòl Beag" bho Fèis an Tairbeirt le na duaisean a choisinn iad aig a' Mhòd.

Caroline Jamieson, Taigh an Uillt

Bha sinn duilich cluinntinn gun do chaochail Caroline Jamieson, à Taigh an Uillt bho chionn ghoirid, aig aois 102. Chaidh an t-seirbheis tiodhlacaidh a chumail air Dihaoine 15 Ògmhios. Bha Caroline an sàs ann am Meur a' Chruachan den Chomunn Gàidhealach.

Tha sinn a' cuimhneachadh air teaghlach agus air caraidean Caroline aig an àm dhuilich a tha seo.

Oban Provincial Mod 2018

What great weather we had in Argyll for this year's Oban Provincial Mod which took place on Friday the 1st and Saturday the 2nd of June.

Numbers were high this year, particularly in the junior competitions, with competitions taking place in the Corran Halls, the Cathedral Hall, the Scout Hall, and the Great Western Hotel. With the entries being so high and the weather being so wonderful, we even held the Conversation competition outside in the cycle shelter by the Corran Halls! The children were in great spirits as they went from competition to competition. We had competitors from Dunoon, Tobermory, Salen, Lochaber, Appin and from Oban itself. We also welcomed, for the first time, children from the new Gaelic unit in Bunessan Primary School and children who take part in the Tarbert Fèis in Argyll.

Despite the number of adult competitors being slightly lower this year, it was still a busy day. The Provincial Mod took place in the new Oban High School this year for the first time. Those attending had the opportunity to get a tour of the school. The school is a fantastic facility as a Mod venue! As expected, a lot of preparatory work had gone into the organisation of the Mod by the Committee in the days, weeks and months leading up to the event. The Committee would like to congratulate all those who took part in this year's competitions and those who won awards. Grateful thanks also to the adjudicators, chairpersons, stewards and the staff at each of the Mod venues.

The Committee is already making plans for next year's Oban Provincial Mod and look forward to welcoming you all to the town on Friday the 31st of May and Saturday the 1st of June 2019!



Caroline Jamieson, Taynuilt

We were sorry to learn of the recent passing of Caroline Jamieson, Taynuilt, at the age of 102. Her funeral service took place on Friday 15 June. Caroline had been an active member of the Meur a' Chruachan branch of An Comunn Gàidhealach.

We remember Caroline's family and friends at this sad time.

Mòd Ionadail Cataibh is Gallaibh 2018

Bha Comataidh Mòd nam Blàran Odhar air leth pròiseil gu robh Mòd shoirbheachail aca am bliadhna ann an Àrd-sgoil Farr air Disathairne an 2mh den t-Ògmhios 2018. Bha an àireamh de dh'fharpaisich a ghabh pàirt ann am farpaisean beul-aithris agus seinn nas àirde am bliadhna leis gun tàinig cuid bho Bun-sgoil Mount Pleasant airson pàirt a ghabhail anns a' Mhòd againn, còmhla ri farpaisich à Siorrachd Rois agus Inbhir Nis.

Bha na farpaisean ionnsramaid fallain cuideachd, le farpaisich à Fèis a' Chosta Tuath agus Fèis air an Oir, farpaisich à Taobh Sear Cataibh agus à Gallaibh. Ghabh Còisir Ghàidhlig Mhealbhaich agus Còisir Ghàidhlig an Luirg, le còisirean fir agus seinneadairean aon neach bho gach còisir pàirt ann am Mòd nan Inbheach cuideachd. Choisinn Erin Cook duais airson seinn aon neach ann am farpais nan inbheach agus bha i cho toilichte an duais seo a bhuanachadh aig a' Mhòd Ionadail aice fhèin.

Bha Comataidh a' Mhòid toilichte maoinachadh fhaighinn bho diofair chompanaidhean ionadail agus chaidh an airgead seo a chleachdadh gus duaisean ùr a cheannach airson cuid de na farpaisean. Tha sinn toilichte gun urrainnear obair chruaidh aig na farpaisich a chomharrachadh mar seo agus tha sinn airson am brosnachadh gus am bidh iad a' gabhail pàirt anns na farpaisean againn. 'B e Anna Magee bhon Bhlàran Odhar a choisinn duais Seòras Gunn airson an fharpaiseach is soirbheachail thairis air an latha, a bhuanachadh duaisean airson a' bhocsa, piàna, piobaireachd, feadan agus farpaisean còmhlain.

Bha sinn cuideachd air leth toilichte gun deach duais sònraichte a bhualachadh air Cathraiche a' Mhòid, Janette NicAoidh, mar chomharradh air 50 bliadhna an lùib a' Mhòd Ionadail againn. Bha sinn toilichte gu robh Alasdair MacCumhais bhon Chomunn Gàidhealach an làthair gus Bonn Òir Caraid a' Mhòid a thoirt dhith airson an obair a tha i air a dhèanamh dhan chànan.



Caithness and Sutherland Provincial Mod 2018

Bettyhill Mod committee were proud to play host to a very successful Provincial Mod based at Farr High School on Saturday 2nd June 2018. Entries in the junior oral and vocal sections were boosted this year with a large representation from Mount Pleasant Primary School's Gaelic class led by former Farr Primary School pupil Lynsey Munro as well as competitors from Ross Shire and Inverness.

The instrumental sections were well supported by entrants from our North Coast Feis, Feis air an Oir and also attracted competitors from East Sutherland and Caithness. Melvich Gaelic Choir and Lairg Gaelic Choir took part in the Senior Mod as well as Male voice choirs and soloists from both choirs. Local girl Erin Cook was a trophy winner in adult solo singing and was delighted to have such success at her local Mod.

The committee were delighted to receive sponsorship from a list of local businesses and companies and used this to buy new trophies for a large number of sections. It was lovely to be able to reward the achievements of the competitors and we hope to encourage them to keep up all the hard work and practice they do in order to take part in our competitions. The George Gunn Memorial trophy for the most outstanding competitor of the day was won by Anna Magee from Bettyhill who enjoyed great success in Accordion, Piano, Bagpipes, whistle and group competitions.

We were also delighted that a very special honour was given to our Chairperson, Janette Mackay who was celebrating 50 years of being involved with our local Mod. It was a great honour to have Alasdair MacCuish from An Comunn Gaidhealach with us to present Janette with a Friend of the Mod Gold Medal to mark her commitment to the preservation and promotion of our language, music and song.



Mòd Ionadail Leòdhais 2018

Chaidh Mòd Ionadail Leòdhais a chumail eadar an 5mh agus an 8mh den t-Ògmhios am bliadhna ann an Steòrnabhagh. Ghabh farpaisich bho gach sgoil ann an Leòdhas pàirt ann am measgachadh de dh' fharpaisean seinn, beul-aithris, còisir, ionnsramaid, dràma, ealain agus sgrìobhadh.

Thòisich Mòd na bliadhna seo le Latha Litreachas air an Dimàirt, far an deach duaisean farpaisean litreachas a thoirt seachad. Chaidh farpaisean dràma, beul-aithris agus seann-nòs a chumail Diciadain agus farpaisean seinn agus còmhlain Diardaoin.

Thàinig Mòd Ionadail na bliadhna seo gu crìch le farpaisean còisir, còmhlain cèilidh agus ionnsramaid madainn Dihaoine agus chaidh cuirm luchd-buannachaidh a chumail ann an Sgoil MhicNeacail, oidhche 'Haoine.

Meal an naidheachd air a h-uile duine a ghabh pàirt ann am Mòd Ionadail na bliadhna seo. Taing taing dha na brithreamhan, na stiùbhardan, na cathraichean agus gach neach a thug taic ann an dòigh sam bith.



Lewis Provincial Mod 2018

The Lewis Provincial Mod took place between 5th and 8th June in Stornoway. Competitors from all schools in the island took part in a range of singing, oral, choral, instrumental, drama, art and literary competitions.

This year's Provincial Mod kicked off with the Literary prize-giving ceremony on the Tuesday afternoon. All drama, oral and traditional singing competitions took place on the Wednesday. Thursday saw all solo singing competitors take to the stage as well as the Folk Groups.

This year's Mod drew to a close on Friday with instrumental, choral and cèilidh group competitions during the day, concluding with the Prize-winners Concert in the Nicolson Institute on Friday evening.

Congratulations to all who took part in this year's Provincial Mod. Thanks to all the stewards, adjudicators, chairpersons and anyone else who gave their time to make the Mod such a success.



Mòd Ionadail Àird nam Murchan 2018

Chaidh Mòd Ionadail Àird nam Murchan a chumail air Dihaoine an 15mh den t-Ògmhios ann an Àrd-sgoil Àird nam Murchan. Ghabh measgachadh de sgoiltean pàirt ann am farpaisean còisir, seinn aon neach, ionnsramaid agus beul-aithris. Bha an Comataidh toilichte gu robh measgachadh de dh' fharpaisich a' gabhail pàirt ann am farpaisean inbheach cuideachd, nam measg bha 'Bùrach', an còisir Gàidhlig bhon Mhorbhairne.

Ged nach robh an t-sìde cho math, chòrd an latha ris a h-uile duine. Bha na britheamhan a' moladh an ìre àrd de fharpaisich aig Mòd na bliadhna seo agus bha a h-uile duine den bheachd gur e àite air leth freagarrach a bh' ann an Àrd-sgoil Àird nam Murchan. Chaidh Cuirm Luchd-buannachaidh a' Mhòid a chumail air an oidhche agus bha mòran an làthair. Bha sinn toilichte gun robh Màiri NicColla, bantrach Teàrlach MacColla agus am mac, Calum an làthair air an oidhche agus thug Màiri seachad na duaisean. Dh' innis Fiona NicIlleathain, Neach-gairm a' Mhòid, cho taiceil 's a bha Teàrlach dha Mòd Ionadail Àird nam Murchan. Chaidh cèilidh a chumail ann an Cill Mhàilidh an-uiridh agus thug teaghlach Theàrlach airgead dha Mòd Àird nam Murchan. Chaidh an airgead seo a chleachdadh airson bùth-obrach a chaidh a chumail do sgoilearan anns a' bhun-sgoil agus cuideachd airson duais ùr, Sgìath Cuimhneachaidh Teàrlach MhicColla airson an neach-ionnsachaidh no neach fileanta leis na comharran is àirde ann an clasaichean còmhraidh, leis gun robh Teàrlach gu mòr airson òigridh a bhrosnachadh ann a bhith ag ionnsachadh agus a' bruidhinn na Gàidhlig. Chaidh an duais seo a bhuileachadh airson a' chiad uair am bliadhna agus 'b e Sean MacLellan an Àird-sgoil Àird nam Murchan a fhuair e airson comharran air leth fhaighinn ann am farpais còmhraidh airson aois 13-15 bliadhna.

As dèidh mìosan de dh' obair ullachaidh, bha an Comataidh toilichte gun robh latha sònraichte aig a h-uile duine. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dhan h-uile duine a bhios a' gabhail pàirt ann am Mòd Dhùn Omhain agus chì sinn sibh an Àird nam Murchan an ath bhliadhna.

Ardnamurchan Provincial Mod 2018

The annual Mòd Aird nam Murchan took place at Ardnamurchan High School on Friday 15th June. The five peninsula primary schools, the high school as well as pupils from the Isle of Mull, Oban and Fort William took part in choral, solo singing, instrumental, poetry recitation and conversation competitions. The Committee were also delighted to have several adult competitors this year as well as Burach, Morvern's adult Gaelic choir.

Despite the inclement weather everyone had a great day. Adjudicators commented on the high standard of entries and all agreed that Ardnamurchan High School was a wonderful setting for the Mòd. In the evening, many people came to hear a wide range of performances at the Prize Winners' concert. This year it was a particularly poignant occasion as Mairi MacColl, Charlie MacColl's widow and their son Callum were present at the concert. Convenor Fiona MacLean was delighted that Mairi agreed to present the trophies. Fiona told the audience what a great supporter Charlie had been of our Mòd. Following a ceilidh in Kilmallie last year, his family donated a substantial sum to Mòd Aird nam Murchan. As well as running a workshop a few weeks ago for local primary school children, the Committee have also used some of the money for the Charlie MacColl Memorial Shield, to be awarded for the local learner or fluent speaker achieving the highest mark in conversation classes, as he was so passionate about encouraging youngsters to learn and converse in Gaelic. In its inaugural year, Mairi presented the shield to Sean MacLellan, Ardnamurchan High School, for achieving an outstanding mark in the 13-15yrs fluent conversation class.

Despite it being a very long day, the Committee were very pleased that after months of hard work by pupils, teachers and tutors everyone performed so well and all enjoyed themselves. We wish all those competing at the Royal National Mòd in Dunoon later this year the very best of luck and look forward to welcoming everyone back to Ardnamurchan next year.



1. Sean MacLellan, Ardnamurchan High School, winner of Charlie MacColl Memorial Shield for highest mark attained across all conversation classes under 18yrs
2. Rachel Bolton, Ardnamurchan High School & Coisir Og Loch Alainn - winner of Caithness Glass Trophy - highest mark Learners Poetry 13-18yrs and Ardnamurchan Mod Shield - highest mark in all keyboard and piano competitions under 18yrs
3. Sisters Kara and Layla MacIntyre from Coisir Og Loch Alainn. Layla was placed 2nd and 3rd in her two singing competitions and Kara, in her first Mod, was placed first solo singing learners 5-6yrs. She also won two trophies - The Kate Stewart Memorial Cup for highest music mark - locals open 5-8yrs and the Mod Aird nam Murchan Trophy for highest total in music and gaelic combined local open 5-8yrs

Mòd Ionadail Inbhir Nis

Chaidh Mòd Ionadail Inbhir Nis a chumail air an 15mh agus an 16mh den t-Ògmhios ann an Cùirt an Aodainn, Inbhir Nis.

'Be Mòd thrang a bh' ann a-rithist am bliadhna, le mòran a' gabhail pàirt ann am farpaisean thairis air an dà latha.

'B e Mòd shoirbheachail dha rìreabh a bh' ann agus bha sin air sgàth's cho trang a dh' obraich Comataidh a' Mhòid agus a h-uile neach a chuidich le ullachaidhean a' Mhòid agus aig a' Mhòd fhèin.

Tha sinn airson taing a thoirt dhan a h-uile duine a ghabh pàirt agus dhan fheadhainn a chuidich aig Mòd na bliadhna seo, airson Mòd soirbheachail eile a-rithist.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri 'ur faicinn an ath bhliadhna!



Inverness Provincial Mod

This year's Inverness Provincial Mod took place on the 15th and 16th of June in Eden Court, Inverness.

It was another busy year of competitions over the two days.

The Mod was a great success thanks to a hard-working Mod Committee and all the volunteers who helped stage the event.

We would like to thank all those who took part and who helped organise this year's event, making it another successful Mod.

We look forward to seeing you all again next year!

Mòd nan Lochan Mòra 2018

Chaidh Mòd nan Lochan Mòra, Mòd ionadail ann an Ohio anns na Stàitean, a chumail air an ochdamh 's an naoidheamh latha den Òg-mhìos, ann an Akron, Ohio. Bha grunnan dahoine ann bho Ohio fhèin, agus às na Stàitean Virginia agus Illinois, cuideachd.

Am-bliadhna, chuir sinn fàilte mhòr air duine air a bheil am Mòd Nàiseanta Rìoghail gu math eòlach – Seumas Greumach, Manaidsear a' Mhòid, mar bhreitheamh. Bha farpaisean a' Mhòid a' tòiseachadh air Dihaoine, le aithris bàrdachd, sgeulachd, agus leughadh aig a' chiad sealladh, agus bha na farpaisich a cheart cho toilichte an cuid sgilean a shealltainn 's a bha iad a' faighinn comhairle agus brosnachadh bho Sheumas.

Disathairne, bha farpaisean seinn ann, agus aon de na prìomh fharpaisean, farpais fhosgailte, far an toir seinneadair leotha òran sam bith a thoilicheas iad fhèin, agus, ged a tha sin gu math doirbhdhan Bhreitheamh obrachadh a-mach cò an duine aig a bheil an t-òran as fheàrr, se farpais uamhasach math do dhaoine a tha airson feuchainn ri seinn aig Mòd, daoine aig nach eil tòrr eòlais air farpaisean no seinn airson breithneachadh no comhairle.

Bha farpais ann far an robh òran ainmichte cuideachd, agus farpaisean airson seinn càraid, còisir, agus airson daoine a bhith a' seinn còmhla ri neach-ciùil air ionsramaid. Bha Seumas cuideachail, cothromach, agus coibhneil, agus, on a 'se buidheann ionnsachaidh a th' anns na daoine a chruinnich airson Mòd Ohio, cha b'urrainn na b'fheàrr a bhith aca fad an deireadh-seachdain.

Latha na Sàbaid, chùm Seumas bùth-obrach airson a' bhuidheann, agus theagasg e còig no sia òran dhuinn. Aig a' cheann thall, 'se Mòd gu math soirbheachail a bh'ann, le barrachd spòrs na cadal, mar bu chòir, agus dh'fhàg Mòd nan Lochan Mòra ceud taing aig Seumas Greumach airson a h-uile rud a fhuair iad.



Mòd nan Lochan Mòra 2018

Mòd nan Lochan Mòra, a regional Mòd in Ohio, was held on the 8th of June, in Akron. There were quite a few people from Ohio, but also from Virginia and Illinois.

This year, we welcomed the Royal National Mòd Manager own James Graham as our adjudicator. The competitions for the Mòd started on Friday, with poetry recitation, storytelling, and sight reading. The competitors were happy to show off their skills, and just as happy to receive advice and help from James!

Saturday, there were song competitions, and one of the big competitions was the Open category, where the singers can bring any song they like – though that's perhaps not as easy a job for the adjudicator to sort out who wins! It's a great competition, though, for singers who just want to try out one song, and those who aren't used to singing in competition.

There was a prescribed category as well, and duets, choir, and accompanied singing. For every one of these, James was kind and helpful – we really could not have asked for better!

James held a workshop for the group on Sunday and taught several songs. In the end, it was a very successful Mòd, with more fun than sleep, as it should be! Mòd nan Lochan Mòra is very grateful to James for everything he did for us!



Caraid Sònraichte aig Mòd Obar Pheallaidh 2018

Special visitor at 2018 Aberfeldy Mòd

Ann an 1929 chraisig Earrannan Sràid Wall ann an Ameireaga agus thàinig fìor chrìonadh air eaconamas an t-saoghail. Bha Ramsay MacDhòmhnail os cionn Riaghaltas Làbaraich, 'b e Herbert Hoover a bha na Cheann-suidhe ann an Ameiriga agus bha Al Capone a' coiseachd air feadh sraidean Chicago.

Ann an Siorrachd Pheairt, chaidh Jeanie Robertson, a thàinig à teaghlach a bhiodh a' bruidhinn Gàidhlig ann an Tummel, gu Mòd Ionadail ann an Obar Pheallaidh. Choisinn i a' chiad duais ann an sia farpaisean; an dàrna duais ann an aon farpais agus an treas duais ann an dà fharpais agus chur Niall Shaw bhon Chomunn Gàidhealach meal an naidheachd oirre.

Ann an 2018, thill Jean (Camshron) gu Mòd Obar Pheallaidh far an tug i seachad duaisean aig farpais Dràma òigridh air an fheasgair Dihaoine. Tha i a-nis a' fuireach ann an Obar Pheallaidh agus chomharraich i an 101mh co là breith aice bho chionn ghoirid. Bha sinn air leth thoilichte gun robh Jean an làthair airson an tachartas agus chòrd e rithe fhèin gu mòr cuideachd.

Tha Comataidh Mòd Ionadail Obar Pheallaidh airson taing mhòr a thoirt dha Jean airson a bhith an làthair aig Mòd na bliadhna seo agus meal an naidheachd oirre airson comharrachadh 101 bliadhna (air an 1mh den t-Ògmhios). Chòrd e rinn gu mòr.

Mòran taing dhuibh Jean.

IM

In 1929 the Wall Street Crash in America preceded the great depression. Ramsay MacDonald led a minority Labour Government in the UK and Herbert Hoover was the President of the USA. Al Capone still walked the streets of Chicago.

In Highland Perthshire, Jeanie Robertson, who belonged to a Perthshire Gaelic speaking family from Tummel, attended the 1929 local Mòd in Aberfeldy. She walked away with six first prizes; one second prize and two third prizes and was congratulated by Neil Shaw from An Comunn Gàidhealach.

In 2018 Jean (Cameron) returned to the Aberfeldy Provincial Mòd to present the awards at the junior Drama Competition on the Friday afternoon. Now resident in Aberfeldy, and having just celebrated her 101st birthday, we were all privileged to have Jean in attendance. Jean enjoyed the occasion.

The Aberfeldy Mòd Committee wish to thank Jean for attending the 2018 Mòd and send her belated birthday wishes on her milestone 101st birthday (1st June). We enjoyed your visit equally as much as you enjoyed being at the Mòd.

Moran taing dhuibh Jean.

JM



Làrach-lìn Comataidh Ionadail Mòd Dhùn Omhain

Tha làrach-lìn Comataidh Ionadail a' Mhòid beò. Dèanaibh cinnteach gun tadhal sibh air airson fiosrachadh a thaobh Comataidh Ionadail a' Mhòid, tachartasan airson airgead a thogail, àitichean-fuirich agus cothroman saor-thoileach!

www.moddhunomhain.com

Cuideachd, tha duilleag Facebook aca- dèanamh cinnteach gu bheil sibh gan leantainn: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>

Dunoon Local Committee Website

The Local Organising Committee's website is up and running. Make sure to check it out for information about the LOC in Dunoon, fundraising events, accommodation and volunteering opportunities!

www.moddhunomhain.com

Also, give their Facebook page a like to keep up to date with the LOC's events and updates: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>

English

AM MÒD NAISEANTA RÌOGHAIL
THE ROYAL NATIONAL MÒD

MÒD DHÙN OMHAIN 2018
Friday 12th to Saturday 20th October 2018

Mòd 2018
Dhùn Omhain

WELCOME TO THE DUNOON ROYAL NATIONAL MÒD 2018

Home
The Committee
Events
Sponsorship
Accommodation
Volunteer Support
Contact Us

It is with great pleasure that we, the Dunoon Mòd 2018 Local Organising Committee, welcome everyone that will be attending the Royal National Mòd between the 12th and 20th of October 2018 in Dunoon.



Bheil sibh deònach taic a thoirt mar stiubhard aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail am bliadhna? Tha an Comataidh Ionadail a' lorg luchd-cuideachadh. Nach cuir sibh ur n-ainm sìos air an làrach-lìn aca ma tha sibh deònach? www.moddunoon.com

Are you able to offer some of your free time to Steward at this year's Royal National Mòd? The Local Organising Committee would like to hear from you! There is a volunteer form on the LOC website which can be filled in electronically. Please register your interest now if you can help. www.moddunoon.com

Naidheachdan bho Comataidh Ionadail Dhùn Omhain

Bha sinn gu math fortannach gun robh Còmhlan Cèilidh Beinn Lee còmhla rinn airson an cèilidh mu dheireadh againn a chaidh a chumail air an 15mh den t-Ògmhios. Bha oidhche sgoinneil againn far an cuala sinn ceòl bhon chlàr ùr aca, Osgarra. Taing mhòr dha Seirbhisean Ionmhais Earra Ghàidheal airson an taic aca agus na buidhnean eile a thug seachad duaisean airson an raffle.

Ghabh sgoilearan bho Bun-sgoil Taigh a' Chladaich pàirt ann am Mòd Ionadail an Òbain am bliadhna agus fhuair iad air adhart math dha rìreabh. Tha iad a' coimhead air adhart ri bhith gabhail pàirt ann am farpaisean anns a bhaile aca fhèin san Dàmhair. Bha sgoilearan anns an sgìre fortannach gun d'fhuair iad cuideachadh bho Seumas Greumach, Seonag Anderson agus luchd-ciùil ionadail.

Ma tha cluicheadairean sam bith airson cluich ann an taighean-seinnse / cafaidhean thairis air seachdain a' Mhòid, cuiribh fios thugainn aig www.moddunoon.com.

News from Dunoon Local Organising Committee

The Dunoon Mod 2018 Committee were lucky enough to have the amazing Beinn Lee ceilidh band at their last ceilidh on 15th June. It was a great night with lots of dancing and some tunes from Beinn Lee's latest album Osgarra. Thanks to Argyll Financial Services for their sponsorship and the many local business that donated raffle prizes.

The children from Bun-sgoil Taigh a Chladaich attended the Oban Provincial Mod and performed really well. They are looking forward to competing in their home town in October. The children in schools around Cowal have also been enjoying visits by James Graham, Seonag Anderson and some local musicians. They listened to some music and found out what the Mod was about and how they could join in.

If there are any of our talented musicians coming to the Mod who would like a slot in local pubs / cafes to showcase their skills, we would be delighted to find a venue for you. Please get in touch through the web site www.moddunoon.com.





ÀRAINNEACHD, CÀNAN IS DUALCHAS

AN TAOBH SEAR | AN T-EILEAN SGITHEANACH
6-10 LÙNASTAL 2018
LE RUAIRIDH MACILLEATHAIN

£300 le biadh is leabaidh | lasachadh prìse
mura h-eil àite fuirich a dhìth

Cùrsa mu nàdair is àrainneachd na h-Alba tro
shùilean nan Gàidheal


Fios gu Sìne Ghilleasbuig | sineg@cnag.org
(fòn 01470 562325) | acisd.wordpress.com

Buannaiche:



SCOTTISH GAELIC AWARDS

DUAISEAN GÀIDHLIG
NA H-ALBA 2016



Speac Rannsachaidh/Research Specification

Gaelic on the East Coast of Scotland: A Study of the Local Authority Areas of Aberdeen, Aberdeenshire, Angus, Dundee, Fife and Perth and Kinross.

Primary research questions:

What is the history behind Gaelic in the local authority areas of Aberdeen, Aberdeenshire, Angus, Dundee, Fife and Perth and Kinross?

What is the present day situation of the language?

What opportunities for development and growth are there in each area?

Objectives:

To provide a summary of the historical basis of Gaelic in each of these six local authority areas, making use of historical census data, previous research findings and literature.

To provide statistics (up to the present day) relating to the present day number of speakers and engagement with Gaelic education in these areas, and to gain an insight into how the language is used in communities through focus group meetings and liaison with local authority officers.

To map the current opportunities for families/individuals to use and learn Gaelic in these areas (e.g. in leisure, employment, education, care services, entertainment etc.) and future planned developments.

To analyse and investigate the link between Scots and Gaelic in these areas.

To detail a network of Gaelic related contacts/groups in each area.

To ensure that the six local authority areas are represented in the results.

To produce a report that would be suitable to share with the general public at a planned event.

Project Management

The contractor must be willing to provide local authorities with monthly progress reports and to meet/VC with Local Authority representatives as is reasonably required (dates to be agreed upon). The contractor must submit a draft report, in electronic form, within 5 months of the agreement of the contact and then a final report 4 weeks after receiving feedback on the draft report.


Consultant Expertise:

Successful consultants should be able to demonstrate the skills to communicate in Gaelic and to be able to share the research findings orally and in written form. They must also have suitable research expertise in this area.

The main report should be written in English with a summary of findings provided in both English and Gaelic.

Cost:

The budget for this project will be £12,000 inclusive of expenses (accommodation, travel etc) and VAT. Any venues required for focus group meetings will be arranged by local authority officers and will incur no cost for the contractor.



Speac Rannsachaidh/Research Specification

Gàidhlig ann an Costa an Ear na h-Alba: Rannsachadh air sgìrean nan ùghdarrasan ionadail a leanas: Obar Dheathain, Siorrachd Obair Dheathain, Aonghas, Dùn Dè, Fìobha agus Peairt is Ceann Rois.

Prìomh cheistean rannsachaidh:

1. Dè an eachdraidh a th' aig a' Ghàidhlig ann an sgìrean nan ùghdarras ionadail a leanas: Obar Dheathain, Siorrachd Obair Dheathain, Aonghas, Dùn Dè, Fìobha agus Peairt is Ceann Rois?
2. Dè an suidheachadh a th' aig a' chànan san latha an-diugh?
3. Dè na cothroman a th' ann airson leasachadh is fàs anns gach sgìre?

Amasan:

- Gus geàrr-chunntas a sgrìobhadh de dh'eachdraidh na Gàidhlig anns gach tè de na sgìrean ùghdarras ionadail seo, a' cleachdadh dàta eachdraidheil bhon chunntas-sluaigh, toraidhean aig rannsachadh a rinneadh roimhe, agus litreachas.
- Gus stadastaireachd a thoirt seachad (suas gus an latha an-diugh) mu àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus àireamhan a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig anns na sgìrean sin, agus gus tuigse fhaighinn air mar a thathar a' cleachdadh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan sin tro choinneamhan buidhnean fòcais agus tro bhith a' dèanamh ceangal ri oifigearan aig na h-ùghdarrasan ionadail.
- Gus mapa a dhèanamh de na cothroman a th' ann an-dràsta do theaghlaichean agus do dhaoine fa leth Gàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh anns na sgìrean sin (mar eisimpleir ann an cur-seachadan, cosnadh, dibhearsan agus mar sin air adhart) ann an leasachaidhean a tha air am planadh anns an àm ri teachd.
- Gus an ceangal eadar a' Bheurla Ghallda agus a' Ghàidhlig anns na sgìrean seo a sgrùdadh agus gus anailis a dhèanamh air.
- Gus cunntas a dhèanamh air lìonra nam buidhnean is an luchd-ùidh aig a bheil ceangal ri Gàidhlig anns gach sgìre.
- Gus dèanamh cinnteach gu bheil na sia sgìrean ùghdarras ionadail air an riochdachadh anns na toraidhean.
- Gus aithisg a dhèanamh a bhiodh freagarrach airson co-roinn leis an t-sluagh aig tachartas sònraichte.

Stiùireadh a' Phròiseict

Feumaidh an cùmhnantaiche a bhith deònach aithisgean adhartais a thoirt do na h-ùghdarrasan ionadail gach mìos agus a bhith deònachadh coinneachadh/a bhith a' dèanamh co-labhairt bhideo le riochdairean aig na Ùghdarrasan Ionadail nuair a thèid seo iarraidh (air làithean a thèid aonachadh). Feumaidh an cùmhnantaiche dreachd aithisg a chur a-steach ann an cruth dealanach, taobh a-staigh 5 mìosan bho chaidh an cùmhnant aontachadh, agus feumaidh iad an uair sin aithisg dheireannach a chur a-steach 4 seachdainean às dèidh

dhaibh fios fhaighinn air ais mun dreachd aithisg.

Eòlas an Neach-comhairle:

Bu chòir cùmhnantaichean soirbheachail a bhith comasach air dearbhadh gu bheil na sgilean aca airson a bhith a' conaltradh anns a' Ghàidhlig, a bhith comasach air toraidhean an rannsachaidh a thoirt seachad ann an còmhradh agus ann an sgrìobhadh. Feumaidh eòlas is sgilean rannsachaidh a bhith aca anns an raon seo cuideachd.

Bu chòir dhan phrìomh aithisg a bhith sgrìobhte sa Bheurla le geàrr-chunntas de na toraidhean an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig.

Cosgais:

Bidh buidseat de £12,000 aig a' phròiseact seo, a' gabhail a-steach chosgaisean (àiteachan-fuirich, siubhal is mar sin air adhart) agus VAT. Thèid ionad sam bith a tha dhìth gus buidhnean fòcais a chumail a chur air dòigh le oifigearan nan ùghdarrasan ionadail agus cha bhi aig a' chùmhnantaiche ri pàigheadh airson seo.



IEWS SOUGHT TO ASSESS DEMAND FOR GAELIC LANGUAGE & CULTURAL CENTRE IN INVERNESS

Alba Heritage Trust, a local Inverness based charity, is seeking opinions from the local community and interested individuals and groups from other localities, to assess whether there is a demand to establish a Gaelic Language and Cultural Centre in Inverness. A local heritage building on the riverside, currently on the market, is being considered as a potential location for such a centre.

Impact Hub Inverness has been commissioned to research the level of demand for such a centre in the heart of Inverness. The first stage in the process of gathering community opinion is an open survey which has gone live today at www.surveymonkey.co.uk/r/JW8JXXT

In addition, local agencies and community groups involved in Gaelic language development activities will also be interviewed to seek their respective opinions and support. Desk based research will complete the study by the end of July 2018.

The idea of the cultural centre is not new and has been discussed over the years by many groups and individuals, but no targeted research has taken place until now. Some suggestions for what could potentially be available in the centre include a café, book/gift shop, performance space, workshop and exhibition space, Gaelic language classes and an informal social meeting place for Gaelic speakers, learners and individuals interested in the Gaelic heritage of the Highlands and Islands.

Alasdair Forbes from Alba Heritage Trust, explained more: "There are many Gaelic activities and groups that meet locally from parent groups and language classes to talks and events, and we feel a venue of this kind would complement and support all that exists in the area. We also know from the most recent Visit Scotland survey of tourists that 55% of people visiting the Highlands do so because they are interested in the history and culture of the Highlands and Islands. Successful language and cultural centres exist in places such as Belfast, Derry, Cardiff and Merthyr Tydfil and we feel that a Gaelic Language and Cultural Centre in Inverness, the capital city of the Highlands and Islands, would bring added value, complement existing resources and services, and provide a focus for Gaelic development activity within the area."

This survey work is supported by Bòrd na Gàidhlig and The Architectural Heritage Fund.

You can access the survey online at the web address given above or if you would like a hard copy please contact:

Mary Riddoch at Impact Hub Inverness on 01463 715533 or by email: mary.riddoch@impacthub.net

The survey is also available in Gaelic.

Duaisean Dìleab an t-Siorraidh 2018 air an toirt seachad

Chaidh cuirm dhuaisean a chumail aig e-Sgoil air Dihaoine 22 den Ògmhios far an deach teisteanasan is duaisean airgid a thoirt seachad dha na sgoilearan a ghabh pàirt ann am measaidhean Dìleab an t-Siorraidh am-bliadhna.

Airson pàirt a ghabhail chaidh iarraidh orra òraid bheag mu chòig mionaidean air cuspair sam bith ullachadh agus an uair sin còmhradh ri dithis bhrìtheamh, Dòmhnall Màrtainn agus Maletta NicPhàil, son mu chòig mionaidean eile. Mar a bha dùil, nochd farsaingeachd de chuspairean agus bha obair dhuilich ro na brìtheamhan! 'S e Daniel Macleòid, bho Sgoil a' Bhac, a rinn a' chùis mu dheireadh thall le còmhradh beòthail, brìghmhor mu na cait aige. Thuirt na brìtheamhan: "Bha an còmhradh dìreach tlachdmhor agus cho nàdarrach agus a ghabhadh. Chòrd e rinn cho comhfhurtaile agus a bha Daniel a' còmhradh rinn."

Aon-coltach ri co-fharpaisean eile den t-seòrsa seo, chaidh teicneòlas e-Sgoil a chur gu feum sa phròiseact seo, a' leigeil leis na sgoilearan còmhradh ris na brìtheamhan tro sgrìn bho na sgoiltean aca fhèin. Fhuair Daniel 58 puingeann a-mach à 60, comharra fìor àrd, le Leanne Davis bho Bhun-sgoil Steòrnabhaigh dlùth air a shàilean, agus Seumas Mac a' Ghobhainn (Bun-sgoil Steòrnabhaigh) agus Aonghas Caimbeul (Sgoil an t-Òib) còmhla san treas àite. Bha duaisean airgid ann: £10 son a h-uile sgoilear a ghabh pàirt agus sùimean nas àirde, suas ri £50, son an fheadhainn a b' fheàrr.

Bha riochdairean bho diofair buidhnean an làthair aig a' chuir, nam measg am BPA Alasdair Allan, Murchadh Moireasdan bho Bòrd na Gàidhlig agus Malcolm Burr as leth Comhairle nan Eilean Siar. Rinn iad uile moladh mòr air a' chloinn airson nan oidhirpean aca is bhrosnaich iad iad cumail a' dol leis a' Ghàidhlig. Chaidh luaidh a dhèanamh air fialaidheachd an t-Siorraidh Cailean Scott MacCoinnich a thug seachad na duaisean is a chuir am pròiseact seo air bhonn le airgead fhèin gus sgoilearan a bhrosnachadh gus na sgilean labhairt aca sa Ghàidhlig a chur gu feum. Ghabh 47 sgoilear P7 bho 12 bun-sgoil ann an Leòdhas agus na Hearadh pàirt.

Thathar an dòchas gun tèid am pròiseact bho neart gu neart agus gun tèid a leudachadh dha na h-eileanan mu dheas anns na bliadhnaichean ri teachd. A bharrachd air na buannachdan dha na sgoilearan a ghabhas pàirt, tha ùidh aig FoghlamAlba anns na measaidhean is iad an dòchas gun gabh an cleachdadh mar slatan-tomhais de chomasan Gàidhlig sgoilearan a tha an ìmpis a' bhun-sgoil fhàgail.

Award ceremony held for Dìleab an t-Siorraidh 2018

An award ceremony was held at e-Sgoil on Friday 22nd June at which certificates and prizes were handed out to the pupils who took part in this year's Dìleab an t-Siorraidh.

To participate they were asked to prepare a short presentation of about five minutes, before conversing with the two judges, Donald Martin and Maletta MacPhail, for another five minutes. As expected, pupils chose to speak on a wide range of topics and the judges' job was not an easy one! Daniel Macleod, from Back School, was eventually declared overall winner with his lively and engaging conversation about his cats. The judges said: "The dialogue was simply enjoyable and as natural as can be. We enjoyed how comfortable Daniel was conversing with us."

Unlike similar competitions, this project made use of e-Sgoil's technology, allowing the pupils to converse with the judges through a screen from their own schools. Daniel was awarded 58 out of a possible 60 points, a truly remarkable achievement, with Leanne Davis from Stornoway Primary close behind him, and Seumas Smith (Stornoway Primary) and Angus Campbell (Leverhulme School) in joint third place. Each participating pupil was awarded £10 and there were larger sums, up to £50, for the best.

Representatives from various groups were present at the ceremony, among them Alasdair Allan MSP, Murdo Morrison from Bòrd na Gàidhlig and Malcolm Burr on behalf of Comhairle nan Eilean Siar. They all praised the pupils for their achievements and encouraged them to continue using their Gaelic. Sheriff Colin Scott Mackenzie who handed out the awards and set up this project with his own money in order to encourage pupils to make use of their Gaelic ability, was greatly praised for his generosity. 47 P7 pupils from 12 primary schools in Lewis and Harris took part.

It is hoped that the project will go from strength to strength and that it will be widened out to include the Uists and Barra in years to come. In addition to the benefits to the participating pupils, EducationScotland have shown an interest in the assessments and hope that they can be used to set arbitration standards for pupils about to leave primary school.



Farpais-cheist Gàidhlig air tòiseachadh ann an Steòrnabhagh

Anns an Ògmhios thòisich farpais-cheist Ghàidhlig aig taigh-òsta 'Edge O'The World' ann an co-bhonn le e-Sgoil agus Bòrd na Gàidhlig.

Bha oidhche air leth soirbheachail ann a' chiad uair is còig sgiobaidhean le còrr is fichead neach a' gabhail pàirt. Bha còmhradh, deasbad is plòidh gu leòr a' dol is chan eil teagamh ann gun robh obair mhòr aig Coinneach Mac a' Ghobhainn, a bha na fhear nan ceist, cuid de na sgiobaidhean a chumail bho fhoill is cealgairachd! Le luchd-ciùil gu leòr an làthair thàinig an oidhche gu crìch le seisean-ciùil beòthail, seinn is dannsa. Nam biodh Ròidseag air an 'tionndadh ùr' de 'A Pheigi a' Ghràidh' a chluinntinn ge-tà, tha teans' gum biodh rud aige ri ràdh!

Bha oidhche beagan na bu chiallaiche ann an dàrna uair nuair a nochd ceithir sgiobaidhean airson ceistean a leithid 'cò a' chiad neach a chaidh dha na speuran' agus 'cò bha san dàrna àite ann an Copan na Cruinne mu dheireadh' a fhreagairt. Dh'èirich deasbad mu dè dha-rìribh a dh'itheas Ameireaganaich air Latha na Taingealachd – gu fòrtanach bha tè Aimeireaganach an làthair airson ar cumail ceart – agus dè am beathach bhon tig an caise 'Feta'. Mu dheireadh thall, 's e an sgioba 'Na Quizzers', bho Radio nan Gàidheal, a fhuair làmh an uachdair is iad puing air thoiseach air càch, a' cur iognaidh orra fhèin leis na comasan aca.

Thèid an ath fharpais a chumail air Diciadain 4^{mh} den Iuchar aig 8f aig taigh-seinnse 'Edge O'The World' (mu choinneimh an Sea Angling Club) agus a-rithist cola-deug an dèidh sin. Tha fàilte bhlàth air a h-uile duine, ach feumaidh co-dhiù aon neach le Gàidhlig a bhith anns gach sgioba oir tha na ceistean gam faighneachd sa Ghàidhlig.


Gaelic Pub Quiz started up in Stornoway

In June a Gaelic Pub Quiz started up at 'Edge O'The World' in partnership between e-Sgoil and Bòrd na Gàidhlig.

The first evening turned out to be a real success with five teams made up of more than twenty people taking part. There was plenty of conversing, debating and fun, and Coinneach Smith, who acted as quiz master, undoubtedly had a task on his hands to keep some of the teams from cheating! As there were plenty of musicians present the night came to a close with a lively music session, singing and dancing. Ròidseag would have had something to say had he heard the 'new version' of 'A Pheigi a Ghràidh'!

The second evening was a bit more sensible. Four teams answered questions such as 'who was the first person in space' and 'who was runner-up in the last World Cup'. There was some debate about what Americans really eat on Thanksgiving – fortunately there was an American visitor present who was able to keep everybody right – and which animal's milk Feta cheese is made of. Ultimately, the team 'Na Quizzers' from Radio nan Gàidheal won with a one-point lead, surprising themselves as much as everybody else.

The next pub quiz will be held on Wednesday 4th July at 8pm at the 'Edge O'The World' (opposite the Sea Angling Club) and the following one a fortnight later. The quiz is open to all, although each team will have to have at least one Gaelic speaker as questions are asked in Gaelic.



HEBRIDEAN BREWING CO. LTD



FARPAIS-CHEIST

le Coinneach Mac a' Ghobhainn mar fhear-nan-ceist

DICIADAIN 04 & 18/07/18 • BHO 8F •

SGIOBAIDHEAN SUAS RI 4ER • AN-ASGAIDH

*Bidh teatha is cofaidh ri fhaighinn cho math ri deoch làidir!
Faodaidh clann a bhith an làthair.*



seo far a bheil sinn

le taic bho



Ceistean gam faighneachd ann an Gàidhlig, mar sin feumaidh Gàidhlig a bhith aig co-dhiù aon neach san sgioba.
Questions are in Gaelic, so at least one person per team must have Gaelic.



Chaidh leabhar ùr Acair, 'Someone Else's Story' le Micheal Robson, a chuir air bhog air a mhìos 'sa aig Comunn Eachdraidh Nis. B' e seo an tachartas mu dheireadh ann am prògram fad latha aig Comunn Eachdraidh Nis agus Urras Leabhraichean nan Eilean a' còmharrachadh an obair aig Micheal Robson.

Mòran tàinig dhan a h-uile duine a thàinig agus a chuidich leis an leabhar seo.



Tha 'Someone Else's Story' ri fhaighinn air loidhne.

Deilbh le Donnie Moireastan.

Acair's latest publication 'Someone Else's Story' by the late Micheal Robson was launched last Friday evening at [Comunn Eachdraidh Nis](#). This event concluded the commemorative day of events to celebrate the life and works of Micheal Robson which was organised by [The Islands Book Trust](#) and Comunn Eachdraidh Nis. Thank you to all those who attended and helped launch this fantastic book.

'Someone Else's Story' is now available on our website now at: <http://www.acairbooks.com/.../all-n.../someone-else-s-story.aspx>

Some photos by Donnie Morrison.



www.acairbooks.com



Summer School

Dalabrog

1-6 July, 2018

ceòlas



Lagh a' Chladaich

an t-ìochdar

22-24 July, 2018

ceòlas

Sgoil Shamhraidh: Ceòlas summer school

1-6 July, 2018

Tha [sgoil shamhraidh](#) Cheòlais, a tha a-nise air an dàrna bliadhna air fhichead, a' fosgladh DiDòmhnach ann an Dalabrog, Uibhist a Deas. 'S e an sgoil as tringe a th' air a bhith ann aig Ceòlas, le còrr math is ceud duine air an clàradh. An cois nan clasaichean àbhaisteach san sgoil – an leithid seinn, cànan, piobaireachd, fìdhlearachd agus dannsa, bidh cùrsa ùr do fhileantaich na Gàidhlig air [seanchas](#) Uibhist. Cuimhnich gum faodar tighinn a-steach airson clasaichean fa leth (mar 'drop-in') airson £10 gach clas. 'S iad na h-oidean am bliadhna:

- [Ailean Dòmhnallach](#) – piobaireachd song & ceòl mòr
- [Kenneth MacKenzie](#) – Piping for dancing
- [Seonaidh MacIntyre](#) – Playing for dancing
- [Jamie MacDonald](#) – Playing for dancing
- [Sarah Hoy](#) – Playing for dancing
- [Christine Primrose](#) – Gaelic song
- [Rachel Walker](#) – Gaelic song
- [Mary Jane Lamond](#) – Gaelic song
- [Sophie Stephenson](#) – step-dance (beginner)
- [Frank McConnell](#) – step-dance (intermediate)
- [Mats Melin](#) – step-dance (advanced)
- [Frank McConnell](#) & [Mats Melin](#) – reels & quadrilles
- [Robbie Greig](#) – fiddle (beginner)
- [Allan Henderson](#) – fiddle (intermediate)
- [Shelly Campbell](#) – fiddle (advanced)
- [Eilidh Shaw](#) – youth fiddle
- [Ashley MacDonald](#) – youth piping
- [Ingrid Henderson](#) – clàrsach
- [Alec 'Bhaltos' MacDonald](#) – Gaelic language
- [Catriona MacIntyre](#) – Gaelic language
- [Catriona Black](#) – Gaelic language
- [Aonghas Iain MacDonald](#) – [seanchas Gaelic course](#)

The Ceòlas [summer school](#), now in its 22nd year, starts in Dalabrog, South Uist, on Sunday. It is the busiest school ever, with well-over 100 students signed up. Amongst the normal classes taking place – singing, Gaelic language, piping, fiddle and dance, a new Gaelic-medium class is running on Uist [seanchas](#), or oral-lore. Remember that you can drop-in to individual classes for £10 each. The full list of tutors is above.

Lagh a' Chladaich: working the foreshore

22-24 July, 2018

Tha an luach is am feum a th' anns a' chladach glè aithnichte do mhuinntir Uibhist, tro òrain, naidheachdan, dòighean cruitearachd agus teachd-an-tìr. Tha an dualchas seo, cho math ris na cothroman san àm ri teachd, mar chuspair na bliadhna-sa aig symposium coimhearsnachd Cheòlais, eadar 22-24 den Iuchar san Ìochdar, Uibhist a Deas.

Bidh Philip Kerrison (SAMS UHI) a' bruidhinn mu na cothroman a tha an cois gnìomhachas na feamainn do dh'Uibhist, agus an t-airceòlaiche Dr Kevin Grant (HES) a' bruidhinn mun fhianais airceòlasach a th' ann airson gnìomhachas na feamainn air Taobh a Tuath Loch Aoineart. Cuiridh Màrtainn Mac an t-Saoir an nobhail ùr aige, *Samhradh '78*, air bhog cuideachd.

Tha am fiosrachadh gu lèir air [làrach-lìn](#) Cheòlais neo bhon oifis.

The bounty of the foreshore to the people of Uist has long been recognised through song, story, economy and livelihood. This heritage, as well as the future economic potential for the community, will be the subject of Ceòlas' 2018 community symposium, from 22-24 July in Ìochdar, South Uist.

*Guest speakers will include Philip Kerrison (SAMS UHI), talking about the potential of the seaweed in Uist, and archaeologist Dr Kevin Grant (HES), on the archaeological record of the seaweed industry in Taobh a Tuath Loch Aoineart. Martin MacIntyre will also launch his new novel, titled *Samhradh '78*.*

Full information available from the Ceòlas [website](#) or from the office.

ceòlas

Cùrsa bogaidh Gàidhlig sa choimhearsnachd (21-24 den Iuchar)

'S e cùrsa ionnsachadh a th' anns a chùrsa seo airson Gàidhlig a chleachdadh agus a neartachadh ann an àrainneachd coimhearsnachd, do dhaoine a tha mu thràth ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Bidh clasaichean a' gabhail a-steach gràmair, sgilean còmhraidh, goireasan an t-seòmair-teagaisg, ionnsachadh gnìomhach (bùithtean-obrach agus turasan) agus lèirmheas is daingneachadh, a bharrachd air tachartasan oidhche. Togaidh oileanaich Gàidhlig choitcheann an latha an-diugh, mar a thèid a chleachdadh anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig.

Gaelic immersion course in Uist (21-24 July)

The Gaelic Enrichment Course to use and develop your Gaelic language skills within a community setting, for those already learning the language.

Classes include grammar, conversational skills, resources for the classroom, active learning (including workshops and fieldtrips) and review & consolidation, as well as evening activities. Students acquire contemporary Gaelic, as used within a modern-day community.



DEACON BLUE
THE
FRATELLIS

EDDI READER / SKIPINNISH / BLAZIN' FIDDLES
RODDY WOOMBLE / TIDE LINES / NITWORKS
IAIN MORRISON / ADAM SUTHERLAND BAND
SALTFISHFORTY / TRAIL WEST / THE TUMBLING SOULS
KINNARIS QUINTET / YVES LAMBERT TRIO / VISHTÈN
HABADEKUK / MARTHA L HEALY / DANTE
THE SEA ATLAS / SEAN HARRISON BAND
TRIP AND MORE.

BETWEEN ISLANDS / ARTHUR CORMACK & FRIENDS
ALASDAIR FRASER & NATALIE HAAS / BLASTA

FÈIS CHEILTEACH INNSE GALL
STORNOWAY, ISLE OF LEWIS
18-21 JULY 2018
HEBCELTFEST.COM 01851 702333 #HEBCELT2018

Tha Fèis Cheilteach Innse Gall a' comharrachadh an 23mh bliadhna aca eadar an 18mh agus an 21mh den Iuchar 2018. Tha an tachartas sònraichte a tha seo air a chumail air Eilean Leòdhais, anns na h-eileanan Innse Gall, Alba, eilean a tha làn cultar agus dualchas iongantach na Gàidhlig.

Agus dè tha sònraichte mun Fhèis seo? Tha an ceòl a bhios ri chluinntinn, measgachadh de cheòl bho cultairean Ceilteach ach le blasan traidiseanta, ùr, rock, indie-folk agus mòran eile. Bidh an Fhèis stèidhichte anns a' Ghearraidh Chruaidh ann an Steòrnabhagh, far am bheil seallaidhean bòidheach agus arc-eòlas an àite nam pailteas. Gheibhear fàilte bhlàth chridheil bho muinntir an eilein cuideachd, a' dèanamh cinnteach gum bidh turas air leth agaibh.

Nach tig sibh còmhla rinn agus chì sibh carson a tha Fèis Cheilteach Innse Gall cho mìorbhail!

Chìthear program Fèis 2017 [an seo](#).

The multi-award winning HebCelt returns for its 23rd annual festival during 18 - 21st July 2018. This unique event is set against one of the most atmospheric backdrops, the Scottish Hebridean Island of Lewis with its distinctive Gaelic culture and heritage.

What makes this event special? Simply the music you will hear which encompasses Celtic cultures tinged with contemporary traditional, rock, indie-folk and world influences. The setting in Stornoway's Lews Castle grounds which offers access to the wider natural beauty and archaeological treasures the area has to offer. And the island community who reach out and offer a welcoming hand to all to make this one of the most special experiences.

But don't take our word for it, join us in the continuing adventure and find out for yourself what make HebCelt so special.

Check out this years [HebCelt Line Up](#).

www.hebceltfest.com

Facal bho Richard Deveria

Tha mi air thoirt gu buil, sreath de sia aistean air eachdraidh ghnìomhachais, mar a leantainn:-

- Croitearachd, ann an *Gairm*
- Gnìomhachas sgleat, ann an *Gairm*
- Cailc anns an Eilean Sgitheanach (diatomite)
- Ceilp anns na h-Eileanan Siar
- Sealgairean nam mucan-mara
- Mu dheireadh thall, Dathadh,

Fichead's a tri bliadhna de dh'obair.

Dé tha seo a'ciallachadh?

Cha n-eil Gàidhlig dìreach air son seinn.

Seallaibh air a' Mhòd.

Anns na 1890's, 'nuair a chaidh am Mòd a stéidheachadh, bha Gàidhlig 'ga bruidhinn fhathast ann an Strath Breamhainn ('se sin Strath Braan), faisg air Dun Chaileann, far am bheil mi ag obair.

Anns na 1950's, bha e 'ga bruidhinn ann am Meudarloch ('se sin Benderloch).

A nis, tha e a' crìonadh anns na h-Eileanan an Iar, ris an canadh iad tir-chridhe an cànan.

Feumaidh sinn ar amasan atharrachadh.

Feumaidh sinn ar rùintean a leudachadh.

Feumaidh sinn ar cànan a thoirt air adhart 52/7, an àite dìreach aon seachdain 'sa bhliadhna.

Ciamar a ni sinn seo?

Dèan puing air bhith a' bruidhinn na Gàidhlig an làthair luchd na Beurla. Can "excuse me", can na thogras tu agus an uairsin, thoir eadar-theangachadh goirid dhan duine eile.

Cuir gu feum do chumhachd-ceannach (use your purchasing power). 'Nuair a théid thu gu cafaidh, taigh-bidhe no taigh-òsda, faighnich ann an doigh càirdeil, an gabh am frithealaiche (no a' bhàn-fhrithealaiche), an gabh e/i ordugh 'sa' Ghàidhlig. Mur a gabh, bi modhail

Anns an dòigh seo, faodaidh tu inbhe na Gàidhlig a thogail.

RAAD 19.06.18

A Thought from Richard Deveria

I have recently completed a series of 6 essays in Gaelic on industrial history, as follows:-

- Crofting, in *Gairm*
- The slate industry, in *Gairm*
- *A'Chailc*, the diatomite industry of the Isle of Skye
- Kelp in the Western Isles
- Whaling
- Finally, natural dyeing.

A total programme of 23 years work.

What does this mean?

Gaelic is not just for singing.

Look at the record of the Mòd.

In the 1890s, when the Mòd was established, Gaelic was still spoken in Strath Braan, near Dunkeld where I work.

In the 1950s, it was spoken in Benderloch.

Nowadays it is losing ground in the Western Isles, the so-called heartland of the language.

We must change our direction.

We must broaden our aims.

We must promote our language 52/7, instead of just 1 week in the year.

How can we do this?

Make a point of speaking Gaelic in the presence of English speakers. Say "excuse me", say what you want to say, and give a brief translation to the other people.

Use your purchasing power. When you are in a café, restaurant or hotel, ask in a friendly way if the waiter or waitress can take an order in Gaelic. If they are unable to do so, be polite.

In this way, you can raise the status of Gaelic.

RAAD 19.06.18




Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le "Care for a Cèilidh". Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent "Care for a Cèilidh" events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





Fàilte air ais gu Oisean an Luchd-ionnsachaidh! Nach eil an t-sìde shnog, thioram seo air a bhith math? Tha sinn air ais airson innse dhut mu na rudan ùra a nochd air ar làrach-lìn san Ògmhios.

Am bi thu a' leantainn Cupa na Cruinne? No am bi thu ga sheachnadh? Tha sgioba LearnGaelic air a sgaradh! Tha tè again uabhasach dèidheil air ball-coise ach chan eil mòran ùidh idir aig an teile ann.

Bha club film aig a' bhuidhinn ealain ann an Glaschu *Ceòl 's Craic* agus na bu tràithe air a' mhìos sheall iad dà bhidio bhon t-sreath do luchd-ionnsachaidh *Can Seo*. Thug sin oirnn smaointinn air ais air seann stuthan teagaisg do luchd-ionnsachaidh na

Welcome back to our Learners' Corner! Hasn't this fine, dry weather been great? We're back to update you on what's been happening on our website in June.

Are you going to be watching [Cupa na Cruinne](#) (The World Cup)? Or are you going to be avoiding it? The LearnGaelic team is divided! One of us is really keen on football and the other doesn't have much interest in it at all.

The Glasgow arts' organisation *Ceòl 's Craic* held a film club earlier in the month and showed two episodes of the Gaelic learners' series *Can Seo*. The programmes were first shown on the BBC in 1979! It made us cast our minds back to some of the earliest

Gàidhlig. An do choishead thusa *Speaking Our Language* nuair a nochd e an toiseach sna 1990an? No dè mu dheidhinn cuid de na leabhraichean-teagais a tha beagan nas sìne?

A' cumail ri leabhraichean, tha grunn ghoireasan againn airson do chuideachadh le bhith a' bruidhinn mun deidhinn sa Ghàidhlig. Tha [liosta briathrachais](#) againn ann am Ficead Facal agus tha aonad ann Beag air Bheag mu [litreachas is bàrdachd](#).

Dè an leabhar as fheàrr leat? Tha criomagan gu leòr againn bhon t-sreath *Leugh Mi* a nochd air BBC ALBA. Lorgaidh tu iad ann an [tasglann Coimhead Gàidhlig](#). Chan eil fo-thiotalan air na criomagan agus tha eadar-theangachadh Gàidhlig is Beurla ann.

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte cluinntinn bhut. Ma bhios tu a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta lorgaidh tu sinn air [Facebook](#), [Twitter](#) is [Instagram](#). Cuideachd faodaidh tu post-d a chur thugainn gu mairi@learngaelic.scot. Faodaidh tu ar cuairt-litir sheachdaineach fhaighinn le bhith a' leigeil fios thugainn air post-d.

resources for Gaelic learners. Did you watch *Speaking Our Language* when it was first broadcast in the 1990s? Or what about some of the older textbooks?



Sticking with books, we've got a few resources to help you discuss them in Gaelic. There's our [20 Words vocab list](#) and Little by Little's [literature and poetry unit](#).

What's your favourite book? We have plenty of clips from BBC ALBA's book show *Leugh Mi*. You'll find them within our [Watch Gaelic archive](#). The clips are un-subtitled and have accompanying Gaelic and English translations.

We're always pleased to hear from you! If you're on social media you'll find us on [Facebook](#), [Twitter](#) and [Instagram](#). You can also email us with any questions to mairi@learngaelic.scot. You can subscribe to our weekly newsletter via email too.

Gnàthasan-cainnt namìosa/ *Idioms of the month*

www.learnghaelic.scot/dictionary



THOIR FIODHRACH DO LOCH ABAR

fuaim / pronunciation bit.ly/2k8Bkpr

The literal translation of this idiom is "bring timber to Lochaber" and is used in the same way as the English expression "bring coals to Newcastle", meaning that it's a pointless action.

AN CAR A BHIOS SAN T-SEANN-MHAIDE, IS DUILICH A THOIRT ÀS

fuaim / pronunciation bit.ly/1U8L8L3

When literally translated this means "straightening the bend in old wood is a difficult job". You can use this to explain that "old habits die hard" or "you can't teach an old dog new tricks".

AM FEAR A LAIGHEAS SA PHOLL, TOGAIDH E AN LÀTHACH

fuaim / pronunciation bit.ly/1xc1tH1

Word for word this is "he who lies in the muck will pick up the mire". It is used in the same way as the English expression "he who sleeps with dogs rises with fleas", generally meaning that you should be cautious of the company that you keep.

Luchd-Tòiseachaidh / *Beginners*

www.learnghaelic.scot/beginners



We've been looking at [units 23– 26 of our **Beginners' Course**](#) this month. One of the subjects that we looked at was past tense verbs.

Do you know all of the following verbs?

coisich!	walk!	tuit!	fall!
ruith!	run!	seas!	stand!
leum!	jump!	suidh!	sit!

If you want to explore more on this topic try Episode 24 of *Speaking Our Language*, [Saying What You've Done](#). We have all the clips from the episode and a worksheet online.

And the *Little by Little* unit on [Remembering Your Schooldays](#) has help with using the past tense of various verbs.

Radio nan Gàidheal's *Beag air Bheag* programme for Gaelic learners also has help with [asking questions in the past tense](#).

Cleachd Gàidhlig / Use Gaelic

www.learnghaelic.scot/useghaelic



Seo goireasan do dhaoine a tha seachad air ìre ‘neach-tòiseachaidh’.

This is our ‘post-beginner’ section with resources to develop your Gaelic skills.

Litir do Luchd-ionnsachaidh (Letter to Gaelic Learners)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal’s weekly letter to Gaelic learners.

Tha faidhle-fuaim, teacsa, briathrachas agus puingeann cànan rim faighinn annta.

Sound files, text, vocabulary and language notes included.

Litir 984 [Gràinne’s am buidseach glas](#) (2)

Letter 984 [Gràinne and the grey wizard](#) (2)

Litir 985 [Gràinne’s am buidseach glas](#) (3)

Letter 985 [Gràinne and the grey wizard](#) (3)

Litir 986 [Cogadh nan Con](#)

Letter 986 [War of the dogs](#)

Litir 987 [Cath Gabhra](#)

Letter 987 [Battle of Gavra](#)

An Litir Bheag (The Little Letter)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal’s weekly letter to Gaelic learners.

Bidh iad seo cuideachail do luchd-ionnsachaidh a tha seachad air ìre-tòiseachaidh.

These will be helpful to learners who are beyond a beginners’ level and want to read more.

Tha faidhle fuaim, teacsa agus eadar-theangachadh an cois gach litir.

Audio, text and translation accompany each letter.

Litir Bheag 680 [Gràinne 's am buidseach glas](#)
Litir Bheag 681 [Gràinne 's am buidseach glas](#)
Litir Bheag 682 [Cogadh nan Con](#)
Litir Bheag 683 [Cath Gabhra](#)

Little Letter 680 [Gràinne and the grey wizard](#)
Little Letter 681 [Gràinne and the grey wizard](#)
Little Letter 682 [War of the dogs](#)
Little Letter 683 [Battle of Gavra](#)



Coimhead Gàidhlig (Watch Gaelic)

Criomagan bhidio às aonais fo-thiotalan bho phrògraman BBC ALBA le tar-sgrìobhadh Gàidhlig, eadar-theangachadh Beurla agus briathrachas.

Un-subtitled clips from BBC ALBA programmes with a Gaelic transcription, an English translation and vocabulary.

[Faclan is fiosrachadh mu iomain](#)

[Gaelic words and information about shinty](#)

[Mar a dh'ionnsaich Meg Bateman a' Ghàidhlig](#)

[How Meg Bateman learnt Gaelic](#)

[Cò tha ag innse na firinn sa chuairt seo?](#)

[Who is telling the truth in this round?](#)

[Daithead nan Lochlannach](#)

[The Vikings' diet](#)

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhaigh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

